


A' Cumhachdachadh Guthan na h-Òigridh

Clàr-innse – Pàirt 2

- **Roinn 4** – A' comharrachadh cuspair agus innealan rannsachaidh
- **Roinn 5** – A' dèanamh rannsachadh
- **Roinn 6** – A' dèanamh anailis air toraidhean agus na ceumannan a leanas





Roinn 4

A' comharrachadh cuspair agus innealan rannsachaidh

Anns an earrainn seo comharraichidh sibh cuspair airson an rannsachaidh, agus bruidhnidh sibh mu dhiofar innealan agus dhòighean rannsachaidh.


Thoiribh an aire - Le cuspair ùr sam bith, bu chòir PowerPoint 2 a dhèanamh



A' comharrachadh cuspair rannsachaidh

Is dòcha gu bheil cuspair agaibh mu thràth air a bhios sibh a' dèanamh rannsachaidh. Dh'fhaodadh gun deach an cuspair seo aontachadh mar phàirt de dh'iarrtas co-chomhairleachaidh. Ma tha seo fìor, thoiribh fiosrachadh seachad don bhuidhinn mun chuspair.

Mura h-eil cuspair rannsachaidh air a chomharrachadh agaibh, cleachdaibh an dà shleamhnag a leanas gus smaoineachadh air na rudan air a bheil a' bhuidheann airson rannsachadh – a bheil raon sònraichte ann a tha a' chlann is na daoine òga airson rannsachadh?



A' comharrachadh cuspair

Seo eisimpleirean de cuspairean rannsachaidh:

Cothrom air foghlam?

Slàinte-inntinn?

Cothroman ri fhaighinn às dèidh na sgoile?

Dòchasan airson an ama ri teachd?

Cuideachadh le ionnsachadh no le deuchainnean?

Àiteachan airson coinneachadh no cluich?



Buidhnean no clubaichean?



Aithnich CUSPAIR

A' Comharrachadh cuspair


Smaoinichibh air rudan a tha cudromach do chlann, daoine òga agus coimhearsnachdan. Dh'fhaodadh iad seo a bhith nan cuspairean rannsachaidh:




Innealan rannsachaidh

Tha a bhith nur neach-rannsachaidh coltach ri bhith nur lorgaire, dè na h-innealan a b' urrainn dhuibh a chleachdadh gus barrachd fhaighinn a-mach mun chuspair rannsachaidh?

Ach cuimhnich gum feum sibh obrachadh a-mach cuideachd dè cho dlìgheach 's a tha gach pìos fianais!



Dòighean-rannsachaidh




Dè na dòighean-obrach as fheàrr leibh agus carson?

A' cumail rannsachadh sàbhailte: Dè nach bu chòir fhaighneachd!

Gus a h-uile duine a chumail sàbhailte, tha e cudromach gun a bhith a' fhaighneachd fiosrachadh pearsanta sam bith nuair a bhios sibh a' dèanamh rannsachaidh air a' chuspair.

Tha seo a' gabhail a-steach gun a bhith a' fhaighneachd do dhuine sam bith:

- **Ainmean**
- **Aoisean**
- **Seòlaidhean**
- **Fiosrachadh sam bith a dh'aithnicheas neach**



Cumhachd nan ceistean

Faodaidh e bhith duilich a' cheist cheart fhaighneachd

Gnìomh: Dè nì ceist mhath?

1. Thoiribh sùil air na 3 ceistean gu h-ìosal
2. Leughaidh iad a-mach, taobh a-staigh na buidhne agaibh.
3. Mar bhuidheann, co-dhùinibh dè a' cheist as fheàrr? Agus carson?


Cuimhnichibh mu bheusachd, carson a tha sibh a' faighneachd seo agus a bheil e sàbhailte do chuideigin freagairt?

**A bheil sibh a'
smaoineachadh gum bu
chòir sgoil a bhith ann?**

**Mìnichibh dè a th' ann an
sgoil.**


**Dè an t-eòlas a th' agaibh
air an sgoil?**

Stoidhlichean cheistean



Ceist Dhùinte


Ceist nach leig le daoine ach
freagairt leithid tha no chan eil



Ceist Fhosgailte

A' leigeil le daoine freagairt
nam faclan fhèin

An diofar eadar ceistean fosgailte agus dùinte



CEIST **FHOSGAILTE** MHATH

CEIST **DHÙINTE** MHATH



CEIST **FHOSGAILTE** DHONA

CEIST **DHÙINTE** DHONA

Roinn 5

A' dèanamh rannsachadh

Anns an roinn seo, planaidh sibh an rannsachadh, agus an uairsin nì sibh e!




Dearbhaichibh an cuspair

A-nis, tha an t-àm ann cuspair a thaghadh a tha sibh airson rannsachadh.

Is dòcha gu bheil beachd agaibh mu thràth air na tha sibh airson rannsachadh, no is dòcha gu bheil rudeigin ann a tha nas motha na an sgoil / a' bhuidheann / a' choimhearsnachd agaibh.

Dè bhios anns a' chuspair rannsachaidh?


Seo cuspair an rannsachaidh againn:



A' smaoineachadh air a' chuspair

A-nis gu bheil cuspair agaibh, rachaibh agus faighibh a-mach beagan rudan mu dheidhinn!

Às dèidh beagan rannsachaidh a dhèanamh, dè tha air **fuireach** nur n-inntinn as motha?



Ainmichibh co-dhiù **1** rud eile a tha sibh airson fhaighinn a-mach mun chuspair seo




Carson?




A' smaoineachadh air an rannsachadh

Beachdaichibh



Cia mheud duine
ris am bu toigh
leibh bruidhinn?



Ciamar a tha sibh
airson bruidhinn
riutha?



Dè an
cuideachadh a tha
dhìth oirbh, nur
beachd?



Cò dha a tha sibh airson fhaighneachd?

Tha e cudromach smaoineachadh air an luchd-amais airson an rannsachaidh.
Cò dha a tha sibh airson na ceistean rannsachaidh fhaighneachd?


Clasaichean
sònraichte air
feadh na sgoile?

Buidhnean òigridh
anns a'
choimhearsnachd?

Taghadh de
dhaoine òga air
feadh na sgoile?



Dèanaibh mapa-inntinn den rannsachadh



A' cruthachadh cheistean airson a' chuspair

Smaoinichibh air dè an seòrsa cheistean a chuireadh sibh mun chuspair, agus thoiribh sùil a bheil iad a' dèanamh ciall do chàch.

Dèanaibh cinnteach gu bheil measgachadh de fhreagairtean fosgailte is dùinte anns na ceistean.

Tha/Chan eil

*Tha mi a'
smaoineachadh*

...



A' feuchainn nan ceist...

Smaoinichibh air an luchd-amais agus comharraich cò leis a bu thoil leibh na ceistean agaibh fheuchainn.


Is e an dòigh as fheàrr air dèanamh cinnteach a bheil ceist a' dèanamh ciall faighneachd do chuideigin nach eil sa bhuidheann agaibh.

Ma dh'fhaighnicheas sibh do chuideigin sa bhuidheann agaibh, tha fios aca mu thràth air na rudan a tha sibh an dòchas a chluinntinn...



Dearbhaichibh na ceistean

**A-nis tha an t-àm ann na ceistean agus na dòighean rannsachaidh
agaibh a dhearbhadh.**



Seo àm rannsachaidh!



Tha sibh air a' chuspair a
chomharrachadh,

air co-dhùnadh a dhèanamh air na
dòighean rannsachaidh,

agus na ceistean a tha sibh airson
faighneachd...



**Nis thallaibh is cuiribh an gnìomh
e!**

Roinn 6

A' dèanamh anailis air toraidhean agus na h-ath-cheumannan

Anns an roinn seo ionnsaichidh sibh mar a nì sibh analais air toraidhean an rannsachaidh, co-dhùinidh sibh dè nì sibh an uair sin, agus chruthaichidh sibh plana gnìomh.



Dèan Plana
GNÌOMHA

A' coimhead air toraidhean càileachdail is cainneachdail

Thoiribh sùil air an fhiosrachadh agus co-dhùin dè a tha càileachdail agus dè a tha cainneachdail.

Tha càileachdail a' ciallachadh gur e smuaintean, barailean, molaidhean agus beachdan dhaoine a th' anns na toraidhean.

Eisimpleir - Dè thuirt daoine a dh'fheumar atharrachadh gus rudeigin a dhèanamh nas fheàrr?



Tha cainneachdail a' ciallachadh toraidhean a ghabhas cunntadh, tomhas agus cur ri chèile.

*Eisimpleir - Cia mheud duine a thuirt Tha no Chan eil ri ceist?
Cia mheud duine a dh'aontaich no a dh'eas-aontaich leis na dh'fhaighnich sibh dhaibh?*

A' coimhead air toraidhean càileachdail

An toiseach, thoiribh sùil air an rannsachadh agus dèanaibh na ceumannan a leanas...

Anns na freagairtean, coimheadaibh airson rudan a tha nam beachdan '**coltach**'. Dh'fhaodadh e bhith feumail còd dath a chur orra seo.

A-nis cunntaibh dè cho tric 's a thèid na 'beachdan coltach' a dhèanamh.



Mar as motha a thèid a ràdh, 's ann as cudromaiche no as mòr-chòrdte a tha e.

Tha seo a' ciallachadh gum bu chòir dha a bhith nas fhollaisiche anns na toraidhean.

An urrainn dhuibh na prìomh choltachdan a lorg anns na toraidhean?

A' coimhead air toraidhean cainneachdail

A-nis bidh sinn a' coimhead air na ceistean a tha furasta an cur ri chèile agus a' faicinn dè tha iad ag innse dhuinn...

Cunntaibh cia mheud uair a chaidh "tha" no "chan eil" a ràdh gus ceist a fhreagairt.

Cia mheud duine a dh'aontaich no a dh'eas-aontaich le rudeigin a dh'fhaighnich sibh dhaibh?

A-nis thoiribh sùil air an àireamh iomlan de chom-pàirtichean agus sgrìobhaibh amach am fiosrachadh airson gach freagairt. *Eisimpleir - chaidh faighneachd do 50 neach, thuirt 40 tha agus thuirt 10 chan eil.*



Faodaidh sibh seo a dhèanamh na cheudad cuideachd.

Cia mheud a fhreagair tha / chan eil no a tha ag aontachadh / ag eas-aontachadh?

Eisimpleir...

Ceistean

Chaidh ceistean fhaighneachd do 200 clann is daoine òga mun choimhearsnachd aca:

- A bheil thu dèidheil air an àite anns a bheil thu a' fuireach? (Mòran, beagan, chan eil mòran, chan eil idir)
- Dè na rudan as fheàrr mun àite anns a bheil thu a' fuireach?
- Dè a dh'fhaodadh a dhèanamh nas fheàrr?

Freagairtean


- Thuit 75% no 150 gun robh iad dèidheil air an àite far a bheil iad a' fuireach, "mòran" no "beagan".
- Thuit 100 gur e a' phàirc agus an t-ionad spòrs na pàirtean as fheàrr.
- Thuit 150 gum biodh e na b' fheàrr nam biodh barrachd rudan ri dhèanamh.



A' coimhead air na toraidhean

Freagraibh na ceistean a leanas bho thoraidhean an rannsachaidh:

- Cia mheud duine a ghabh pàirt anns an rannsachadh?
- An do lorg sibh cuspairean sam bith anns na toraidhean?
- Am biodh e feumail grafaichean sam bith a chleachdadh gus na toraidhean a shealltainn, gu h-àraidh airson ceistean dùinte sam bith?
- Coimheadaibh airson eadar-dhealachaidhean sam bith anns mar a fhreagair daoine na ceistean.



Dè a-nis?

A-nis gu bheil toraidhean an rannsachaidh againn, dè a-nis?



Dèanamaid Plana Gnìomha!

Ceist	Freagairtean
Dè fhuair sibh a-mach?	
Dè tha sibh airson atharrachadh?	
Carson a tha e cudromach seo atharrachadh?	
Ciamar a bhios fios agaibh gu bheil an t-atharrachadh soirbheachail?	
Gnìomhan gus faighinn ann:	
Taic a tha a dhìth gus a dhèanamh soirbheachail:	



Dèan Plana
GNÌOMHA

A' cumail fios aig daoine

Às dèidh rannsachadh a dhèanamh, tha e cudromach daoine a chumail an sàs agus innse dhaibh dè thachras a-nis.



Cò dha a tha
sibh airson
innse?

Carson a tha
fios-air-ais
cudromach?


thuirt sibhse

rinn sinne

Cuimhnichibh na co-
dhùnaidhean a cho-
roinn leis na daoine a
ghabh pàirt anns an
rannsachadh!

A' taisbeanadh thoraidhean an rannsachaidh

Aontaichibh mar a bu toil leis a' bhuidheann toraidhean an rannsachaidh a thaisbeanadh - dh'fhaodadh seo a bhith na thaisbeanadh, na phostair, aithisg sgrìobhte no bhidio a nì sibh.



Leigibh fios do Fhoghlam Alba!

Tapadh leibh airson Acainn Guth na h-Òigridh a chleachdadh.

Feuchaibh an innis sibh dhuinn mu thoraidhean an rannsachaidh, dè tha a' bhuidheann an dùil a dhèanamh an ath rud, agus fios-air-ais sam bith air a' ghoireas seo an seo: [Luachadh na h-Acainne](#)

Faodaidh sibh post-d a chur thugainn cuideachd aig youthvoice@educationscotland.gov.scot

Acainn Guth na h-Òigridh



Deiseil?

A-nis gu bheil a' bhuidheann air an trèanadh ann an rannsachadh co-aoisean, is dòcha gum bi sibh airson co-chomhairle a dhèanamh air cuspair eadar-dhealaichte. Cleachdaibh am PowerPoint seo (Pàirt 2) a-rithist gus cuspair eadar-dhealaichte a chomharrachadh nuair a bhios sibh deiseil.

